


ABS. 1, 78, 403 (1-8)





NA

2

MATHAR;

NO

ROI' CHUIDEACHADH DO'N DREAM A TA GG AGUS AINEOLACH.

CHUM AN DEANAMH COMASACH

AIR LEABHAR CHEIST EAGLAIS NA H-ALBA A THUIGSIN

LEIS AN URRUMACH MAIGHSTIR EOIN WILLISON,

MINISTER AN T-BOISGEIL A BHA'N DUNDEA.

A NIS AIR A LEASACHADH AS UR.

GLASGOW:—FRANCIS ORR & SONS.

MDCCCXLV.

- Co a rinn thu ?
 Rinn Dia.
 Co is Fear-saoraidh dhuit ?
 Iosa Crìosd.
 Co a naomhaicheas thu ?
 An Spiorad Naomh.
 Cia dheth a rinneadh thu ?
 De'n duslach.
 Ciod ata sina 'teagasg dhut ?
 Bhi iriosal agus cuimhn-each air a' bhàs.
 Ciod a' chrìoch air son an d'rinneadh thu ?
 A thoirt seirbhis do Dhia.
 Cionnus is còir dhut seirbheis a dheanamh do Dhia ?
 Le umhlachd a thoirt d'a àitheantan, le earbsa as ; agus gu sonraichte, le leughadh, éisdeachd, urnuigh, agus moladh, &c.
 Ciod an ni àraidh is còir dhuit a chuimhneachadh ann an làithibh t'oige ?
 Mo Chruithear agus m' Fhear-saoraidh.
 C'àit am bheil t'ard shonas a' co-sheasamh ?
 Ann an Dia a mhealtuinn.
 Ciod a ta Dia gu h-àraidh ag iarraidh ort ?
 Creidsinn ann, agus umhlachd a thoirt dha.
 Ciod i riaghailt do chreidimh agus t'umhlachd ?
 Na Sgrìobtuirean Naomha.
 C'àit am bheil iad air an cur sìos ?
 Anns an t-seann Tiomnadh agus san Tiomnadh nuadh.
 Cionnus a tha an seann
- Tiomnadh a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh ?
 F. Tha e tòiseach le Genesis, agus a' crìochnachadh le Malachi.
 C. Cionnus a ta an Tiomnadh Nuadh a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh ?
 F. Tha e a' tòiseachadh le Matia, agus a' crìochnachadh le Taisbean.
 C. Nach e am Biobulan leabhar is fearr a ta san t-saoghal ?
 F. Is e.
 C. Cia mar sin ?
 F. Do bhri gur e Dia is ughdar dha, agus gu bheil a bhriathra air an deachdadh leis.
 C. Nach bu chòir dhuitse bhi dìchiollach clum am foghlum agus an tuigsinn.
 F. Bu chòir dhomh.
 C. Ciod e Dia ?
 F. Is spiorad e.
 C. Ciod e spiorad ?
 F. Bith neo-fhaicsinneach, nach 'eil air a dheanamh suas do fhuil agus do fheoil, mar a ta sinne ?
 C. Am bheil spioraid sam bith eile ann ach Dia ?
 F. Tha.
 C. Ciod iad ?
 F. Aingil agus anama dhaoine.
 C. Ciod an t-eadar-dhealachadh a ta eadar iadsan agus Dia ?
 F. Cha'n 'eil aingle agus anama dhaoine ach 'nan spiorada cruthaichte agus crìochnaichte ; ach a ta Dia 'na spiorad neo-chruthaichte agus neo chrìochnaichte.

- C. An robh toiseach sam bith aig Dia? F. Cha robh.
- C. Am bi crìoch gu bràth aige? F. Cha bhi.
- C. Am bheil e ann o bhith-bhuantachd gu bithbhuantachd? F. Tha.
- C. An robh toiseach aig aingle is aig anama dhaoine? F. Bha.
- C. Co thug sin doibh? F. Thug Dia.
- C. Am bi crìoch aca? F. Cha bhi.
- C. Nach 'eil Dia ni's ro ghlòrmhoire na's urrainn sinne a thuigsinn? F. Tha.
- C. Cia lion Dia a ta ann? F. Cha'n 'eil ann ach aon a mhàin.
- C. Cia lion pearsa a ta san Diadhachd? F. Tri pearsa.
- C. Co iad? F. An t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh.
- C. Nach ionann nàdur d'on triuir sin? F. Is ionann.
- C. An robh toiseach aig an t-saoghal? F. Bha.
- C. Co a rinn e? F. Rinn Dia.
- C. Co dheth a rinn se e? F. Do neo-ni.
- C. Co leis a rinn se e? F. Le focal a chumbachd.
- C. Ciod an ùine' ghabh e g'a dheanamh? F. Sia làithean.
- C. Ciod an staid san d' rinn e na h-uile nithe? F. Rinn e na h-uile nithe gu ro mhaith.
- C. Co do na làithibh air an d' rinneadh an duine? F. Air an t-siathamh latha.
- C. Ciod a rinn Dia air t-seachdamh latha? F. Ghabh e fois o 'uile oibrib agus naomhaich se e chu a bhi na shàbaid dha féi.
- C. Co an ceud fhear agus cheud bhean a bha air a t-saoghal? F. Adhamh agus Eubha.
- C. Ciod an staid san do chrutl aicheadh iad? F. An staid naomh agus shon.
- C. An robh iad saor o gac peacadh agus truaighe? F. Bha. [staid sin]
- C. An d' fhan iad anns a F. Cha d' fhan.
- C. Cia mar a thuit iad uaithe F. Le briseadh cumhnaint Dia.
- C. Cia lion cumhnant a rinn Dia ris an duine? F. Dà chumhnant.
- C. Ciod iad? F. Cumhnant nan gnìomh agus cumhnant nan gràs.
- C. Co ris a rinn Dia cumhnant nan gnìomh? F. Ri ar ceud sinnseara Adhamh agus Eubha.
- C. Am b'ann 'nan ainm féi a mhàin a rinneadh e? F. Cha b'ann 'nan ainm féi a mhàin, ach an ainm a sliochd gu léir.
- C. Co ris a rinn Dia cumhnant nan gràs? F. Ri Crìosd an ainm n muinntir taghta.
- C. Coiada 'mhuinntir taghta F. An dream sin a roghnaic Dia o shìorruidheachd agus a thug e do Chrìosd chum a bhi air an saoradh o fheirg.

1. C'ar son a ghoirear cumh-
nant nan gnìomh ris an
cheud chumhnant?
2. Do bhri gur gnìomh, no
ùmhlachd a bha air iar-
ruidh ann.
3. Ciod a' ghnè umhlachd a
bha e ag iarruidh?
4. Umhlachd iomlan.
5. C'ar son a ghoirear cumh-
nant na beatha ris?
6. Do bhri gur e beatha an
luach a bha air a gheall-
tainn air son a choimhead.
7. Ciod a' ghnè bheatha a
gheall e?
8. Beatha aimsireil, spioradail,
agus shiorruidh.
9. Ciod am peanas a bha air a
bhagradh air son briseadh
a' chumhnaint so?
10. Am bàs: oir thubhairt Dia,
"Annsan lá a dh'itheas tu
dheth gu cinnteach bàs-
aichidh tu." [a bhagradh?
11. Ciod e gnè bhàis a bha air
12. Bàs aimsireil, spioradail,
agus siorruidh.
13. Ciod e am bàs aimsireil?
14. Dealachadh an anama o'n
chorp.
15. Ciod e am bàs spioradail?
16. Sgarachduin an anama o
Dhia.
17. Ciod e am bàs siorruidh?
18. Dealachadh an anama agus
a' chuirp araon, o Dhia
gu siorruidh.
19. An do choimhead ar ceud
sinnseara cumhnant nan
gnìomh?
20. Cha do choimhead.
21. Cionnus a bhris iad e?
22. Le itheadh do'n mheas
thoirmisgte.

23. Co a thoirmisg dhoibh itli-
eadh? F. Dia.
24. Co a dh'iarr orra itheadh?
25. An diabhl.
26. An robh e 'na pheacadh mòr
dhoibh itheadh dheth?
27. Bha.
28. Ciod a rinn mar sin e?
29. Do bhri le itheadh, gu'n
d'thug iad easumhlachd
do Dhia, pheacaich iad an
aghaidh an t-soluis bu
mhò, bha iad neo-thaing-
eil do Dhia, mi-thoilichte
le'n staid, agus chreid iad
an diabhl a roghainn air
Dia.
30. An d'thàinig ar ceud sinn-
seara, agus an sliochd gu
léir fo pheanas a' cheud
chumhnaint air a shon so?
31. Thàinig.
32. An do bhàsaich iad san
latha sin féin san d'ith iad
am meas toirmisgte?
33. Bhàsaich iad gu spioradail
sa' cheart latha sin, agus
mar an ceudna, rinneadh
buailteach iad do bhàs
aimsireil agus siorruidh.
34. Nach do chaill iad sonas
mòr le'n tuiteam?
35. Chaill.
36. Ciod a chaill iad?
37. Chaill iad iomhaigh Dhé,
agusco-chomunnmailleris.
38. Ciod a ta thu a' ciallachadh
le iomhaigh Dhé a chaill
iad?
39. An naomhachd, agus an
fhiorghloine sin a bha air
an suidheachadh 'nan nà-
dur 'nuair a chruthaich-
eadh iad ris 'n goirear a'
cheud fhireantachd.

- C. Ciod a tha thu a' ciallachadh leis a' cho-chomunn siu ri Dia a chaill iad?
- F. An coluadar sòlasach, agus an co-chaidreamh a bha aig ar ceud sinnsearaibh ri Dia roimh an leagadh.
- C. Am bheil dòigh sam bith leis am feud na beannachdan luachmhor sin bhi air an aisig dhuinn a ris?
- F. Tha, tre Iosa Crìosd.
- C. Am bheil thu buailteach do gach call agus truaighe a thug Adhamh air féin leis an leagadh? F. Tha mi.
- C. Am bheil thu ciontach do cheud pheacadh Adhaimh? F. Tha.
- C. Cionnus a dh' fheudas sin a bhith, agus nach d'rugadh tu an sin?
- F. Do bhrìgh anns an cheud chumhnant gun do sheas Adhamh air mo shonsa, agus gun robh e ceangailte air mo shon, agus airson a shliochd gu leir.
- C. Ciod an staid anns am bheil an duine air a bhreith a nis?
- F. Ann an staid peacaidh agus truaighe.
- C. An d' thug thu peacadh air bith leat chum an t-saoghail? F. Thug.
- C. C' ainm a their thu ris?
- F. Peacadh gin.
- C. Ciod e peacadh gin?
- F. Am peacadh ta air iomchar a nuas thugam le mo pharantan o Adhamh.
- C. Am bheil thu araon ciontach agus salach leis a' pheacadh sin? F. Tha mi.
- C. Am bheil do nàdur ara air a shalachadh agus air thruailleadh leis? F. Th.
- C. Cionnus ata fhios ag air sin?
- F. Do bhri gu bheil mi mothachadh gu bheil y chridhe a thaobh nàdur do-lùbaidh chum an n ta maith; agus so-aomai chum an ni ata ole.
- C. Am bheil peacadh gin toilltin ifrinn ged na bitheadh peacadh samb eile agad? F. Th.
- C. Ciod am peacadh eile a agad a bhàrr air peacadh gin? [mar an ceud]
- F. Tha peacadh gnìomh agad.
- C. Ciod e peacadh gnìomh?
- F. Am peacadh sin a ta mi deanamh gach latha smuain, am briathar, ag an gnìomh.
- C. Nach e am peacadh gin tobar o'm bheil gach peacadh gnìomh a' sruthadh?
- F. 'Se.
- C. Nach 'eil thu truagh o math agus peacach thaobh an leagaidh?
- F. Tha mi.
- C. Ciod iad na truaighean thug an leagadh oirnn?
- F. Tha iad tri-filte; aimsire spioradail, agus siorruic.
- C. Ciod iad na truaighe aimsireil?
- F. Trioblaidean agus àn ghairean a' chuirp.
- C. Ciod, iad sin?
- F. Gorta, cogadh, plàigh, bo duinn, masladh, tinne agus guin a' bhàis r dheireadh.

Cìod iad na truaighean spioradail fo'm bheil sinn a thaobh an leagaidh?

Plàighean agus galarean an anama.

Cìod iad sin?

Call iomhaigh Dhé, agus co-chomunn ris, doille inn-tinn, cruas cridhe, neo-mhothachadh coguis, laigse cuimhne, agus an leithide sin.

Cìod iad na truaighean siorruidh do'm bheil sinn buailteach?

Do phianntaibh ifrinn nach teirig am feasd.

Am bheil teasairginn sam bith do dhaoine cailte fo bhristeadh a' cheud chumhaint?

F. Tha.

An d'rinn Dia cumhnant air bith eil air ar son?

Rinn.

C'ainm a ghoirear ris?

Cumhnant nan gràs.

C'ar son a ghoirear sin ris?

Dobhrì gu bheil na nithe a ta air an gealltuinn ann nan saor-thiodhlac dhuinne o Dhia; agus mar sin tha eadhon creideamh féin,— ni as eugmhais nach urrainn duinn còir fhaotainn air Criosd, agus air so-chairean a' chumhaint so.

Nach 'eil an cumhnant so ni's ro-òirdheirc nan ceud chumhnant?

F. Tha.

An robh eadar-mheadhon-air anns a' cheud chumhnant?

F. Cha robh.

An robh comas aithreachais, no gealladh air maitheanas peacaidh ann?

F. Cha robh.

C. Am foghnadh dichìoll threibhdhirach dha an aite umhlachd iomlan?

F. Cha'n fhoghnadh.

C. Am bheil cumhnant nan gràs a' gabhail riu sin uile?

F. Tha.

C. Am feud cumhnant nan gràs bhi air a bluristeadh no air a sgaoileadh le ar peacaidh-ne, mar a bha cumhnant nan gnìomh?

F. Cha'n fheud.

C. Am bheil so na aobhar misnich dhuinne gu dol air ar n-aghaidh ann am peacadh?

F. Cha'n 'eil air dòigh air bith; ach tha e 'na aobhar misnich chum naomhachd; oir cha'n fheud sinn peacachadh a chionn gu bheil gràs saoi bhir.

C. C'ar son a ta cumhnant nan gràs cho seasmhach agus cho daingean?

F. Do bhri gu bheil Eadar-mheadhonair agus Urras ann a chum freagradh air ar son.

C. Cò a dh'ulluich an t-Urras òirdhearc so dhuinne?

F. Dia.

C. Cìod a ghluais e gu sin a dheanamh?

F. A shaor-ghràdh féin.

C. An do thoill an duine ni sam bith o làimh Dhe 'na staid chailte?

F. Cha do thoill ni air bith, ach fearg air son a pheacaidh.

C. Cia mar a ta dùil agad ri maitheanas fhaotainn ann ad pheacadh?

- F. Tre Iosa Criosd, an t-Urras air son pheacach chaille.
- C. An toir Dia maitheanas dhuit ann ad pheacadh gun dioladh d'a cheartas?
- F. Cha toir.
- C. Am bheil thu comasach air ceartas Dé a dhioladh air son do pheacanna féin?
- F. Cha'n 'eil.
- C. Am bheil Dia toileach air dioladh a ghabhail o neach eile air do shon? F. Tha.
- C. Ach co a ta comasach agus toileach air an dioladh sin a thoirt seachad air ar son?
- F. Tha Iosa Criosd araon deònach agus comasach.
- C. An robh neach air bith eile comasach air so a dheanamh ach esan a mhàin?
- F. Cha robh.
- C. C'ar son so?
- F. Do bhrì nach b'urrainn neach air bith eile fearg neo-chriochnach a ghiulan.
- C. Cò e an t-Iosa Criosd so?
- F. Mac Siorruidh Dhé, agus an dara Pearsa do'n Trianaid ghlòrmhoir.
- C. Am bheil dream eile ann ris an goirear mic Dhé a thuille air ar Tighearna Iosa Criosd?
- F. Tha.
- C. Co iad?
- F. Aingil agus creidmich.
- C. Nach 'eil eadar-dhealachadh mòr eadar iadsan agus Criosd? F. Tha.
- C. Cionnus a ta na h-aingil 'nam mic do Dhia?
- F. Thaobh cruthachaidh: anns an t-seadh so goirear mac Dhé ri Adhamh.
- C. Cionnus a ta na creidmich 'nam mic do Dhia?
- F. Thaobh ath-ghineamhu agus uchd-mhacachd.
- C. Cionnus a ta Criosd Mhac do Dhia?
- F. Thaobh ginealaich shiuidh; agus uime goirear aon Mhac Dhé.
- C. Ciod a riun Criosd air pheacach chaille?
- F. Ghabh e os làimh bhi Eadar-mheadhonair ea Dia agus iadsan.
- C. Cò iad a ta e a' saoradh?
- F. Na daoine taghta.
- C. Cia uaith a ta e 'gan saoradh?
- F. O pheacadh agus o ifrinn.
- C. Cionnus a chuir Criosd gnìomh na ghabh e làimh?
- F. Ghabh e ar nàdur-ne féin, agus dhòirt e 'f' phrìseil air ar son.
- C. Cia lion nàdur ata Criosd? F. Da nàdur.
- C. Ciod iad sin. [dhu]
- F. Nàdur Dhé, agus nàdur a' mhac.
- C. Ca'r son a b' éigin do'r Feadh saoraidh bhi na Dhia a' saoradh na dhuine?
- F. Bha e na dhuine chum saoradh air ar son; agus e na Dhia chum buaidh a thoirt air a' bhàs.
- C. An robh an dà nàdur aige riann? F. Cha robh.
- C. Nach robh e na Dhi shiorruidheachd? F. F.
- C. An robh e na dhuine shiorruidheachd?
- F. Cha robh.
- C. C'uin a dh'fhàs e na dhuine?

Ann an iomlaineachd na h-uine, an uair bha an t-slat-rioghail a' dealachadh ri Iudah.

Am mair e na Dhia agus na dhuine gu siorruidh?

Mairidh.

Cionnus a rinneadh e na dhuine?

Le fìor chorp agus anam a ghabhail da féin.

Co leis a bha e air a bhreth?

Leis an Oigh Muire.

An robh athair air bith aige air thalamh?

Cha robh.

Cionnus mata a ghineadh e?

Le cumhachd an Spioraid Naoimh.

C'ar son a ghineadh e air a mhodh so?

Chum's gu'm biodh e saor o pheacadh gin.

An robh peacadh no truailidheachd sam bith ann?

Cha robh.

C'àit an d' rugadh e?

Am Betlehem.

Co'n treubh o'n d' thàinig e?

O threubh Iudah.

Co'n teaghlach?

O theaghlach Dhaibhidh.

Ciod an staid san d' rugadh Criosd?

Ann an staid iosail.

Ciod i an staid sin?

Rugadh e le mnaoi bhig-inbhich, ann an stapull, agus chuireadh na luidhe e ann am prasaich.

An do chaith e beatha iosal san t-saoghal so?

Chaith e.

C'ar son a rinn e so uile?

Air ar soin-ne.

C. An do ghabh e air féin aon sam bith do dh'anmhuinn-eachdan ar nàduir-ne?

F. Ghabh e a' chuid sin diubh a bha coitchionn agus neo-lochdach.

C. Ciod iad sin?

F. Doilgheas, sgios, acras, cadal, fallas, 'fhuil a dhòrtadh, agus an leithide sin.

C. C'ar son a ghabh e iad so air féin?

F. Chum's gu'm biodh nis mo do chomas aige air cofhulangas leinn 'nar n-àmhghara féin.

C. C'ar son a ghoirear Iosa d'or Fear-saoraidh?

F. Do bhri gu bheil e tèarnadh a phobuill o'm peacaidh.

C. C'ar son a ghoirear Criosd ris?

F. Do bhri gu'n robh e air ungadh agus air a chur air leth chum dreuchdan an eadar-mheadhonaireachd.

C. Cia lion dreuchd chum an d' orduicheadh e?

F. Tri.

C. Ciod iad?

F. Dreuchd Fàidh, Sagairt, agus Rìgh.

C. Am bheil feum agad air Eadar-mheadhonair leis na dreuchdan sin uile?

F. Tha.

C. C'ar son a b'éigin do dhreuchd Eadar-mheadhonaireachd Chriosd a bhi tri-fillte?

F. Chum freagradh do ar truaighean tri-fillte.

C. Ciod iad sin?

F. Aineolas, cionta, agus daorsa.

- C. Cìod am feum a ta agad air
Criosd mar Fhàidh?
- F. Chum mo theagasg, agus
m'aineolas a leigheas.
- C. Cìod am feum a ta agad air
Criosd mar Shagart?
- F. Chum mo chionta a dhiol-
adh, agus eadar-ghuidhe a
dheanamh ri Dia as mo
leth.
- C. Cìod am feum a ta agad air
Criosd mar Rìgh?
- F. Chum mo shaoradh o dhaor-
sa, agus mo riaghladh le
a lagh.
- C. Cionnus a ta Criosd a'
leigheas ar n-aineolais?
- F. Le 'fhocal agus le 'Spiorad
g'ar teagasg.
- C. Cionnus a rinn e réite air
son ar cionta?
- F. Le 'bhàs, agus le e féin a
thoirt suas na iobairt air
ar soin-ne air a' chrann-
cheusaidh. [o dhaorsa?
- C. Cionnus a ta e g'ar saoradh
- F. Le 'chumhachd, a cur air
aghaidh obair na h-ìom-
pachaidh agus na naomh-
achd annainn.
- C. Cìod am bàs a dh'fhuiling
Criosd air ar son?
- F. Bàs a' chroinn-cheusaidh.
- C. Cìod an gné bhàis bha'n sin?
- F. Bàs malluichte, nàrach agus
dòrainneach.
- C. Cìod a' chrìoch air son an
d'fhuair e bàs?
- F. Chum a bhi na iobairt
bheannaichte, a dhioladh
ceartais air son peacaidh,
agus a chum sinne dhean-
amh réidh ri Dia.
- C. Cìod i an iobairt a thug
Criosd a suas air ar son?
- F. Thug e suas e fein.
- C. Cia aca a thug e suas 'a
no 'chorp?
- F. Thug e suas iad le c
air ar son.
- C. An d'fhuiling e ach pia
a' bhais air ar son?
- F. Dh'fhuiling e piantan it
mar an ceudna.
- C. An d'fhuilinge ach corr
dhaoinè agus dhean
air ar son?
- F. Dh'fhuiling e fearg
mar an ceudna.
- C. An d'fhuiling e ach a m
na chorp air ar son?
- F. Dh'fhuiling e 'na a
mar an ceudna.
- C. C'ait an d'rinn e sin
sònraichte?
- F. Anns a' ghàradh agus
a' chrann-cheusaidh.
- C. Cia mar a ta fios agad
d'fhuiling e 'na anan
sin?
- F. Leis an fhallas fhola,
leis na briathran a lab
e san àm sin.
- C. An d'fhuair ceartas Dé
dioladh leis na dh'fhu
Criosd air son a phob
F. Fhuair.
- C. An iarr Dia tuille diol
air an son?
- F. Cha'n iarr.
- C. Cia mar ata fios agad
sin?
- F. Dobhrì gu'n dubhairt Cr
air a' chrann-cheusa
'Ata e crìochnaichte, a
an sin thug e suas a s
rad.' Agus na dhéigh
thogadh o'n uaigh e.
- C. Cìod a thachair do Chr
an déigh a bhàis?

Dh'adhlaicheadh a chorp san
uaigh, agus chaidh 'anam
gu Paras.

An do mhair an ceangal
eadar dà nàdur Chrìosd
an déigh a bhàis?

Mhair.

An d'fhan e fada ann an
staid nam marbh?

Cha d'fhan.

D'uin a dh'éirich e o'n
uaigh?

Air an treas latha an déigh
a bhais.

Dò'n latha do'n t-seachdain
air an d'éirich e?

Air a' cheud latha d'on
t-seachdain, agus o sin
goirear Latha an Tigh-
earna ris.

An robh an t-sàbaid san am
sin air a h-atharrachadh
o'n t-seachdamh chum a'
cheud latha d'on t-seachd-
ain? F. Bha.

C'ar son a rinneadh an
t-atharrachadh so?

Mar urram do'r Fear-saor-
aidh, agus chum gu'n
cumadhmaid suas buan
chuimhne air 'aiseirigh
ghlòrmhoir-san, agus a
bhuaidh thar gach nam-
haid a ta aige-san agus
againne.

Dò iad na naimhde sin?

An diabhl, an saoghal,
am peacadh, am bàs agus
ifrinn.

Am faca Chrìosd truailidh-
eachd san uaigh?

Cha'n fhaca.

Cionnus a thachair sin?

Do bhri gu'n robh e gun
pheacadh.

C. Co an cumhachd leis an
d'éirich e?

F. Le cumhachd a Dhiadhachd
féin.

C. C'ar son a dh'éirich e?

F. A nochdadh gu'n robh
ceartas air a làn dhioladh,
agus a naimhde uile air
an ceannsachadh.

C. Cia fhad a dh'fhan Chrìosd
air thalamh an déigh dha
éiridh?

F. Dà fhichead latha.

C. Ciod a bha e deanamh rè
na h-ùine sin?

F. Bha e daingneachadh a
dheisciobul' nan creid-
eamh, agus g'an teagasg
anns na nithe a bhuineas
do rìoghachd Dhé.

C. Ciod a rinn e an déigh sin?

F. Chaidh e suas air néamh.

C. C'àit am bheil e na shuidhe
an sin?

F. Aig deas làimh Dhé.

C. Ciod a tha e deanamh?

F. Tha e deanamh eadar-
ghuidhe air ar soim-ne.

C. An tig e gu bràth tuille
chum an t-saoghail so?

F. Thig.

C. C'uin?

F. Aig an latha dheireannach.

C. Am bheil fios aig neach sam
bith c'uin a thig an latha
sin? F. Cha'n 'eil.

C. C'ar son tha Dia a' cumail
an latha sin am folach
uainne?

F. Chum gu'n deanamaid faire
gach aon latha, agus g'um
bitheamaid a ghnàth air
ar faicill.

C. Ciod an dòigh air an tig
Chrìosd a ris?

1. An doigh fo ghormhonn, le
aingle naomha a' feith-
eamh air.
- C. C'ar son a thig e?
- F. A thoirt breith air an
t-saoghal.
- C. Co air an toir e breth san
latha sin?
- F. Araon air gach beo 'us
marbh, air gach uile neach
a bha, no a ta, no a bhith-
eas air an t-saoghal.
- C. Am bi gach neach atamarbh
air an dùsgadh o'n uaigh-
ean
- F. Bithidh.
- C. Ciod na cuirp leis an éirich
iad?
- F. Leis na cuirp cheudna bha
aca roimhe a thaobh brìgh,
ach eadar-dhealaichte a
thaobh am buaidhean.
- C. Cionnus a dhùisgear na
mairbh?
- F. Le treun ghuth an àrd-ain-
gil, agus le fuaim na
trompaid dheireannaich.
- C. Nach bi eadar-dhealachadh
mòr eadar aiseirigh nam
firean agus nan aingidh?
- F. Bithidh.
- C. Ciod an t-eadar-dhealach-
adh a bhios ann?
- F. Eiridh na fireana le glòir
agus buaidh; ach na h-ain-
gidh le ball-chrith agus
uamhunn.
- C. Am feum iad uile teachd gu
caithir breitheanais Chri-
osd?
- F. Feumaidh.
- C. Co bhéir ann iad?
- F. Bheir na h-aingil.
- C. Co chuireas am Breitheamh
air a làimh dheis?

1. Na fireana.
- C. Ciod a' bhreth a théit
thoirt orra-san?
- F. 'Thigibh, a dhaoine be-
aichte m' Athar-sa, sea
aichibh mar oighreas
an rioghachd a bha a
deasachadh dhuibh o l-
adh bunaite an domh-
aidh.
- C. Co chuireas e air a là-
chli?
- F. Na h-aingidh.
- C. Ciod a' bhinn a théit
thoirt orra-san?
- F. 'Imichibh uam, a shlu-
malluichte, chum an t-
shiorruidh, a dh' ullu-
eadh do'n diabhul is
aingle.'
- C. Co iad a bhios air am r-
'nam fireana san latha
- F. An dream sin a mhàin
air an sgeudachadh le
antachd Chriosd.
- C. Am bi neach sam bith
masach air seasamh
fhìreantachd féin san
latha sin? F. Cha
- C. C'ar son?
- F. Do bhri gu bheil ar n-
fhìreantachd mar luid-
an salach an làthair D-
- C. Ciod a ta thu a ciallach-
le fhìreantachd Chriosd?
- F. 'Umhlachd-san araon a
na rinn agus na dh'f-
ing e.
- C. Ciod i umhlachd ghnìom-
Chriosd?
- F. A. bheatha naomha,
an do choimhlion e
lagh gu h-iomlan, a' d-
amh 'nar n-àite-sa-
dleasdanais tha an
ag aithne.

Ciod i umhlachd rìulangaib
Chriosd?

Gu'n d' fhuiling e gach
peanas agus dioghaltas a
thoill sinne thaobh briste-
adh an lagha.

Cionnus a ta fireantachd
Chriosd air a deanamh
thairis dhuinne?

Le i bhi air a meas dhuinn
air taobh Dhé, agus le
creideamh air artaobh féin.

C'uin a ta Dia a' meas fir-
eantachd Chriosd dhuinn?

An uair a ta sinn a gabhail
greim oire le creideamh
air-son fireanachaidh.

Am bheil neach air bith air
fhìreanachadh am fianuis
Dé le creideamh as eug-
mhais oibre?

Cha'n 'eil.

Co aca ma ta, a tha sinn
air ar fireanachadh le
crideamh no le oibre.

Le creideamh a mhàin.

Am bheil luach sam bith
ann an creideamh mar a
ta e' na ghràs annainne,
chum ar fireanachadh an
làthair Dhé?

Cha'n 'eil.

Cionnus ma ta a dh'fhìr-
eanaicheas creideamh
sinn, no cia mar a ni e
sinn ionraic an làthair
Dhé?

A mhàin mar a ta e' na
mheadhon, no mar làimh
chum greimeachadh air
fireantachd Chriosd.

An i fireantachd Chriosd a
mhàin is mathair-aobhair
ar sinn fhìreanachadh?

Is i.

C. An e creideamh mheadhon-
aobhair ar fireanachaidh -

F. 'Se.

C. C'ar son nach urrainn fir-
eantachd sam bith eile ach
fireantachd Chriosd ar fir-
eanaich an làthair Dhé?

F. Do bhri gu bheil 'fhìrean-
tachd-san uil-iomlan, agus
gu'n tug i làn dioladh a
dh' agartais ceartais.

C. Am feud dùil bhi aig neach
sam bith, a shiorbhuan-
aicheas 'napheacadh, gu'm
bi e air a thearnadh le fir-
eantachd Chriosd?

F. Cha'n fheud.

C. Am bheil fireanachadh
agus naomhachadh neo-
eadar-dhealaichte?

F. Tha.

C. Am feud sinn bhi air ar fir-
eanaich le Criosd gun
chaochladh bhi air a
dheanamh oirnn?

F. Cha'n fheud.

C. Ciod an caochladh is éigin
bhi air a dheanamh oirnn?

F. Caochladh ro mhòr: 'S
éigin gu'm bi an seann
nadur air a thoirt air
falbh, agus cridhe nuadh
air a thoirt duinn.

C. Ciod i dreuchd an Spioraid
Naoimh ann an obair
slàint an duine?

F. An t-saorsa agus na soch-
airean a choisinn Criosd
a cho-chur ris na daoine
taghta.

C. Cionnus a ta e deanamh sin?

F. Le creideamh oibreachadh
anns a' chridhe, agus obair
na h-iompachaidh agus
na naomhachaidh a thoirt

- air a h-aghaidh san duine gu h-ìomlan.
- C. Ciod iad na meadhona o'n leth muigh a ta Dia a' gnàthachadh gu coitchionn a thòiseachadh na h-oibre so?
- F. 'Fhocal agus a shlat.
- C. Ciod e a' cheud cheum do dh'obair an Spioraid ann an anam an duine?
- F. Geur-mhothachadh.
- C. Ciod air an toir e geur-mhothachadh dha?
- F. Araon air a pheacadh agus air a thruaighe.
- C. Ciod e an dara ceum do dh'obair an Spioraid ann an obair an iompachaidh?
- F. Foillsichidh e Criosd do'n pheacach.
- C. Ciod a ni e na dhéigh sin?
- F. Tairngidh e mach an cridhe gu gabhail ri Criosd agus ri slighe na naomhadh.
- C. Ciod an dòigh air an taisbein neach a ta air athnuadhachadh gu bheil fìor-chaochladh air a dheanamh air?
- F. Le fìor-ghràdh do Dhia agus le umhlachd d'a àitheantan.
- C. Cionnus is còir dhuit Dia a ghradhachadh?
- F. Le m' uile chridhe agus anam, agus os ceann gach ni a ta san t-saoghal.
- C. Cionnus is còir dhuit umhlachd a thoirt do àitheantan Dhé?
- F. Gu treibhdhireach, gu bunailteach, agus gu h-ìomlan.
- C. Cia lion àithne ta ann?
- F. Deich.
- C. Cionnus ata iad air a' roinn?
- F. Ann an dà chlàr.
- C. Cialion a tasa' cheud chlàr?
- F. Ceithir.
- C. Cia lion a ta san dara clàr?
- F. Sia.
- C. Ciod a ta air a chur sìos anns a' cheud chlàr?
- F. Ar dleasdanas do Dhia.
- C. Ciod a ta air a chur sìos san dara clàr.
- F. Ar dleasdanas do dhuine.
- C. Cionnus a bha na deic àitheantan air an sgrìobhadh air tùs?
- F. Bha iad air an sgrìobhadh le meur Dhé air dà chlàr chloiche.
- C. Co dha a thug Dia iad a' tùs?
- F. Do Mhaois.
- C. C'ait an d'thug e seachad iad?
- F. Air sliabh Shinai.
- C. An urrainn thu an aithris?
- F. Is urrainn.
- C. Nach bu chòir dhuit d'chiall a dheanamh chum a tuigsinn?
- F. Bu chòir.
- C. Ciod i an àithne a th' ann do Dhia a' toirmeasg iodhol-aoraidh no aoradh a thoirt do dh'athathan bréige?
- F. A' cheud àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta ann do Dhia a' toirmeasg saobh-chràbhaidh no aoradh do Dhia a' toirmeasg mearachdach?
- F. An dara h-àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta ann do Dhia a' toirmeasg mionnan, no m' àitheantan naomhadh ainm Dhé?
- F. An treas àithne.

- C. Ciod i an àithne a ta cur mar fhiachaibh ort latha na sàbaid a choimhead?
- A. An ceathramh àithne.
- C. Cionnus is còir dhuit an t-sàbaid a choimhead?
- F. Le bhi ag aoradh do Dhia araon gu h-uaingneach agus gu follaiseach; agus gun bhi smuaineachadh mo smuainte féin, no labhairt mo bhriathra féin, no deanamh m'oibre féin air an latha sin.
- C. Ciod i an àithne a ta 'g iarraidh ort umhlachd a thoirt do d' phàrantan?
- A. An cùigeamh àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta toirmeasg dhuit strì no dochann a dheanamh air do choimhearsnach?
- A. An siathamh àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta toirmeasg neo-ghloine?
- A. An seachdamb àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta toirmeasg gadachd?
- A. An t-ochdamb àithne?
- C. Ciod i an àithne a ta toirmeasg bhreug?
- A. An naothamh àithne.
- C. Ciod i an àithne a ta toirmeasg sannt?
- A. An deicheamh àithne.
- C. Ciod is suim do na deich àitheantan?
- A. Dia agus mo choimhearsnach a ghràdhachadh.
- C. Am bu chòir dhuit na h-àitheantan uile a choimhead gu h-iomlan?
- A. Bu chòir.
- C. Am bheil thu comasach air sin a dheanamh?

- F. Chan eil.
- C. Am bheil thu g'am bristeadh gach latha?
- F. Tha.
- C. Cia mar tha thu deanamh sin?
- F. Ann an smuain, am briathar, agus an gnìomh.
- C. An robh neach riamh ann a bha comasach air na h-àitheantan so a choimhead gu h-iomlan?
- F. Bha.
- C. Co e?
- F. Adhamh, mu'n do thuit e.
- C. An robh neach sam bith ann o thuiteam an duine comasach air an coimhead gu h-iomlan?
- F. Bha: Iosa Criosd.
- C. An robh annsan ach duine a mhàin?
- F. Bha.
- C. Ciod eile bha e?
- F. Bha e na Dhia agus na dhuine ann an aon phearsa.
- C. Ciod tha sinn a' toilltinn air son bristeadh gach aon do na h-àitheantan sin?
- F. Fearg Dhé, araon anns a' bheatha so agus sa' bheatha a ta ri teachd.
- C. Co an neach tre am bheil dùil agad ri dol as o'n fheirg sin?
- F. Tre Iosa Criosd a choimhlión an lagh, agus a dhiol ceartas air mo shon.
- C. Am feud gach uile neach còir agradh dha féin air na rinn agus na dh'fhuiling Criosd?
- F. Cha'n fheud.
- C. Co iad a dh'fheudas sin a dheanamh le barantas?

Gach nòr chreidmheach agus aithreachan treibhdhireach.

Co iad na fìor chreidmheach?
An dream sin a theich chum Iosa Crìosd, agus a ghabh ris le fìor chreideamh.

Ciod e fìor chreideamh?

Is e làmh an anama e, a ghabhas greim air Crìosd, agus a shocraicheas air mar an Slànuighear, agus mar an-saorsa mhòr ata Dia a' tairgse dhuinn.

Ciod i a' chrioch air son am bheil e air a thairgse?

Air son beatha agus slàinte.

C'ait am bheil e air a thairgse dhuinn?

Anns an t-soisgeul.

Cia mar a tha e air a thairgse dhuinn san t-soisgeul?

Gu saor, gu h-iomlan, agus na uile dhreuchdan, mar fhàidh, mar shagart, agus mar rìgh.

Co iad na fìor aithreachain?

An dream sin a phill ri Dia ann an Crìosd le aithreachas fìor agus neo-chealgach.

Ciod e fìor aithreachas?

Bròn treibhdhireach air son ar peacanna, le pilltinn uapa gu Iosa Crìosd, agus gu slighe na naomhachd.

Am bheil dòigh sam bith air dol as o ifrinn ach tre chreidimh agus aithreachas?

Cha'n 'eil.

An urrainn thu creidsinn no aithreachas a dheanamh uait fein?

F. Cha'n urrainn.

C. Cia mar ata fios agad air sin?

F. A ta focal Dé 'ga innseadh dhomh: agus os bàrr, a ta mi a' mothachadh gu bheil mo chridhe thaobh nàduir marbh, agus cruaidh mar chloich.

C. Ciod an ni a ta comasach air an anam mharbh a bheothachadh, agus air a chridhe chruaidh a bhristeadh?

F. Cha'n 'eil ni sam bith acl neart uile-chumhachdach Dhé, agus a shaor-ghràs.

C. Nach bu chòir dhuit a ghnàth sùil a bhi agad ris a' chumhachd sin agus bhi guidhe air a shon?

F. Bu chòir.

C. Nach 'eil thu a thaobh nàduir a' d' choigreach do Dhia, agus fada uaith?

F. Tha.

C. Cionnus a ta thu air do thoirt dlùth dha?

F. Tre fhuil Chrìosd.

C. Ciod iad na meadhona cumanta leis am bheil sinn a' faotainn eòlais air Crìosd agus co-chomunnais?

F. Am focal, sacramaint, agus urnuigh.

C. Cionnus is còir dhuit am focal a leughadh agus éisdeachd?

F. Le creideamh, le gràdh, agus le furachas.

C. Ciod e sacramaint?

F. Is comhara so-fhaicsinneach e, chum Crìosd a thaisbeanadh agus a chur ruinn le 'uile shochairan.

- C. Cia lion sacramaint ata ann?
- F. Dà shacramaint.
- C. Ciod iad sacramainte an t-Seann Tìomnaidh?
- F. Am timchioll-ghèarradh agus an t-Uan-càisge.
- C. Am bheil iad sin a nis air an cur air chùl?
- F. Tha.
- C. Ciod iad sacramainte an Tìomnaidh Nuaidh?
- F. Am baisteadh agus suipeir an Tighearna.
- C. Co a dh'orduich iad sin?
- F. Iosa Crìosd, aon cheannard na h-eaglais.
- C. Ciod i a' chrìoch chum an d'orduich e na sacramainte so?
- F. Gu bhì 'nan seulaibh air cumhnant nan gràs, agus chum a phobull féin a dhaingneachadh 'nan creideamh.
- C. Cia fhad a mhaireas iad?
- F. Gus an tig Crìosd a ris.
- C. Ciod an samhladh no'n comhara o'n leth muigh, a ta air a ghnàthachadh anns a' bhaisteadh?
- F. Uisge air a chrathadh air a' chorp.
- C. Ciod a ta air a chiallachadh le sin?
- F. Fuil Chrìosd a ghlanas air falbh peacadh agus ciont an anama.
- C. Co an t-ainm anns an do bhaisteadh thu?
- F. An ainm an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh.
- C. Ciod an ceangal fo am bheil thu le sin?

- F. Bhì creidsinn, ag aideachadh, agus a' toirt umhlachd do'n Trìonaid naomha, agus a' cur cùl ris an Diabhul, an saoghal agus an fheoil.
- C. Ciod iad na combaran on leth muigh a ta ann an suipeir an Tighearna?
- F. Aran agus fion.
- C. Ciod a ta iad sin a' ciallachadh dhuinne?
- C. Corp agus fuil Chrìosd.
- F. C'uin a dh'orduich Crìosd an t-sacramaint so?
- F. Anns an oidhche san do bhrathadh e.
- C. Ciod a' chrìoch chum an d'orduich e i?
- F. Chum cuimhn' a bhàis agus 'fhulangais a chumail suas measg a phobuill féin, gu deireadh an t-saoghail.
- C. Am bheil eadar-dhealachadh air bith eadar am baisteadh agus Suipeir an Tighearna?
- F. Tha.
- C. Nach 'eil iad le chéile a' taisbeanadh, a' seulachadh, agus a' co-chur nan nithe ceudna?
- F. Tha.
- C. C'ait am bheil an t-eadar-dhealachadh ma ta?
- F. Tha aon diubh air son tòiseachaidh,—an aon eile chum altruim; 'se am baisteadh an dorus air an éigin do chloinn Dé dol a steach,—is i Suipeir an Tighearn am bord aig an éigin doibh a bhì air am beathachadh.
- C. Am bheil am Baisteadh gu bhì air a fhrithealadh a ris?

1. Cha'n 'eil.
2. Am bheil Suipeir an Tighearna gu bhì air a gabhail gu minic ?
3. Tha.
4. Cionnus a bhios tu comasach air bòidean do bhaistidh a choimhlionadh ?
5. 'S éigin domh bhì guidhe air Dia gach latha mo neartachadh ; oir cha'n 'eil neart agam féin.
6. Cia lion earrann a ta ann an Urnuigh ?
7. Tri.
8. Ciod iad ?
9. Aidmheil, iarrtus, agus buidheachas.
10. Co ris is coir dhuit urnuigh a dheanamh ?
11. Ri Dia a mhàin.
12. Co an t-ainm anns an còir dhuit t' athchuinge chur suas ?
13. Ann an ainm Chrìosd.
14. Ciod an dòigh air an còir dhuit t' urnuigh a dheanamh ?
15. Le irioslachd, le creideamh, agus le dùrachd.
16. Ciod iad na nithe is còir dhuit iarraidh ann ad urnuigh ?
17. A mhàin nithe a réir toil Dhé.
18. An d'thug Dia riaghailt air bith chum urnuigh a dheanamh ? F. Thug.
19. Ciod i ?
20. Na Sgrìobtuir Naomha gu léir, agus urnuigh an Tighearna gu h-àraidh.
21. An urrainn thu urnuigh an Tighearn aithris ?
22. Is urrainn.

23. Cia lion earrann a ta ann an urnuigh an Tighearn ?
24. F. Tri.
25. C. Ciod iad ?
26. F. Roimh-radh, sia iarrtui agus co-dhùnadh.
27. C. Cia lion iarrtus dhiubh si a ta air son nithe aimsireil ?
28. F. Cha'n 'eil ach a h-aon.
29. C. Co dhiubh e ?
30. F. An ceathramh, eadhon 'Thoir dhuinn an diugh a n-aran lathail.'
31. C. C'ar son nach 'eil ach aon iarrtus air son tiodhlac aimsireil ?
32. F. A theagasg dhuinn bhì nidùrachdaiche air son bheannachdan spioradail na air son nithe math na beatha so.
33. C. Ciod iad na nithe sin is dùrachdaiche bu chòir dhu bhì 'g iarraidh ann a urnuigh ?
34. F. Tròcair chum maitheans fhaotainn ann am pheacadh, agus gràs chum m chuideachadh ann am fheum ; agus gu sonruichte gu'm bithinn air mo neartachadh aig uair na bhàis.
35. C. Am bheil dòigh sam bit air dol as o'n bhàs ?
36. F. Cha'n 'eil.
37. C. C'ar son ?
38. F. Do bhri gu bheil e air o dachadh do na h-uidh dhaoine bàs fhaotainn aig uair.
39. C. An robh neach riamh an a bha air a shaoradh o bhàs ?

Cha robh ach Enoch agus Elias.
 Ciod a thachair dhoibhsan?
 Bha iad air an atharrachadh gu nèamh gun am bàs a bhlasad.
 Ciod a thug am bàs a chum an t-saoghail?
 Thug am peacadh.
 Ciod am meadhon a bheir am peacadh as an t-saoghail?
 F. Am bàs.
 Nach 'eil na creidmhich idir làn-shaor o pheacadh gus am bàsaich iad?
 Cha'n 'eil.
 Ciod e gath a' bhàis?
 Am peacadh.
 Co thug an gath as a' bhàs do na creidmhich?
 Thug Criosd.
 Am bheil am bàs ma seadh na pheanas do na creidmhich?
 Cha'n 'eil.
 Nach 'eil am bàs na bhuanachd dhoibh?
 Tha.
 Cia mar so?
 Do bhri gu'n cuir e crìoch air an trioblaid; agus gu bheil e na fhuasgladh beannaichte dhoibh o'n truaighe, agus na thoiseach sonais.
 Co ris a shamhlaichear bàs nan creidmheach san sgrìobtur?
 Rì codal.
 Co ris a shamhlaichear an uaighean?
 Rì leabaichibh fois.
 Cia uaithe a ta iad a' gabhail fois?

F. O bhuairibh an diabhuil, o gheur-leanmhuinn an t-saoghail, agus o chogair-sich a' pheacaidh.
 C. Ciod e am bàs do'n duine aingidh?
 F. Is peanase air son peacaidh, agus dorus gu truaighe shiorruidh.
 C. Ciod i an uaigh dhasan?
 F. Is prìosan i a choimhead a chuirp, chum breitheanais an latha mhòir.
 C. Ciod a tharlas do'n anam aig a bhàs?
 F. Pillidh e gu Dia thug uaith e, a dh'fhaotainn a bhinn.
 C. C'ait an cuir Dia na h-aingidh?
 F. Do dh'ifrinn.
 C. Co a ta chomhnuidh an sin?
 F. An diabhuil agus 'aingle.
 C. Ciod an gnè ait a ta an ifrinn?
 F. Tha ionad doruinneach; loch a ta losgadh le teine agus pronnusc gu siorruidh.
 C. 'Cait an d' théid na daoine diadhaidh aig a' bhàs?
 F. Gu nèamh.
 C. Co iad a ta chomhnuidh an sin?
 F. Tha Dia, agus Criosd, agus na h-aingil naomha.
 C. Ciod a' ghnè ait a ta an nèamh?
 F. Aite ro-ghlòrmhor, far am bheil lan-aoibhneas, agus sòlas gu siorruidh.
 C. Ciod a bhios na h-aingidh a deanamh an ifrinn?
 F. Bithidh iad a' mallachadh, agus a' labhairt toibheum gu siorruidh.

Ciod a bhios na naoimh a' deanamh air nèamh?

Bithidh iad a' moladh Chrìosd, a' sein cliu, agus a' deanamh gàirdeachas gu sìorruidh.

Cionnus a gheibh sinn do'n ionad bheannaichte sin?

S'éign duinn bhì sealltuinn ri Iosa ar fear-iùil, eisem-pleir a bheatha a lean tuinn, agus bun a dheanamh á toilleanas a bhais.



Àstean Eachdraidh air an toirt as a Bhiobul air son Cloinne.

1 Co e a' cheud duine bha air an t-saoghal?

1 Adhamh.

2 Co i a' cheud bhean a bha ann? F. Eubha.

3 Co dheth a rinneadh Adhamh?

4 Do dhuslach na talmhainn.

5 Co dheth a rinneadh Eubha?

6 Do dh' aisne a tàobh Adhaimh.

7 C'àit an do chuir Dia iad nuair a chruthaich e iad?

8 Ann an gàradh Edein.

9 C'arson a chuir e an sin iad?

10 Chum a choimhead agus a dheasachadh.

11 Co a' cheud mhortair a bha air an t-saoghal?

12 C'àin.

13 Co a' cheud neach a mharbhadh air son na diadhachd?

14 Abel.

15 Co do mhic Adhaimh o'n d' thainig na fireanaich?

16 O Shet.

C. Co an duine bu shine bha air an t-saoghal?

F. Metuselah.

C. Cionnus a bha an seann saoghal air a sgrios?

F. Leis an tuil.

C. C'uin a thachair sin?

F. Muthimchioll sia ceud deug bliadhna da fhichead sa sia deug an déigh a chruthachaidh.

C. C'ar son a sgriosadh an seann saoghal?

F. Air son am peacanna uamharra an aghaidh Dhé.

C. Co a bha air an tearnadh o'n léir-sgrios mhòr sin?

F. Cha robh a h-aon ach Noah agus a theaghlach.

C. Cionnus a bha esan air a thearnadh?

F. Leis an àire a rinn e.

C. Cia fhad a bha e deanamh na h-àirce?

F. Ceud agus fichead bliadhna.

C. C'ar son a bha e cho fhada ga deanamh?

F. Chum ràbhadh a thoirt do'n t-saoghal, agus ùine gu aithreachas a ghabhail d'am peacannan.

C. An robh e air a shon so air a ghairm na shearmonaiche fireantachd?

F. Bha.

C. Cialion mac a bha aig Noah?

F. Triuir? Sem, Ham, agus Iaphet.

C. Co dhiubh a b'fhearr?

F. Sem.

C. Co bu mhiosa dhiubh?

F. Ham.

C. Co dhiubh o'n d' thainig sinne?

F. O Iaphet.

- C. Ciod i a' cheud chànanain a
a bha air an t-saoghal?
- F. A' chànanain Eabhruidheach.
- C. Cuin a thòisich atharrach-
adh nan cànanain?
- F. Aig togail Bhabeil.
- C. Cionnus a chaidh Sodom a
sgrios?
- F. Le teine agus pronnusc o
nèamh.
- C. An robh neach sam bith sa'
bhaile sin air an tearnadh
uaithe?
- F. Cha robh a h-aon ach Lot,
a bhean, agus a dhà nigh-
inu.
- C. Ciod a thachair d'amhnaoi?
- F. Rinneadh creagshalainn di.
- C. Ciod ab'aobhar do'n pheanas
mhòr so?
- F. A chionn gu'n d'amhairc i
air a h-ais air Sodom,
agus air son a gràidh do'n
t-saoghal.
- C. Co e ris an goirear athair
nan creidmheach?
- F. Ri Abraham
- C. Ciod an deuchainn bu mhò
a fhuair a chreideamh-
san?
- F. A mhac Isaac iobradh
suas air iarrtus Dé.
- C. Cia lion mac a bha aig Isaac?
- F. A dha, Iacob agus Esau.
- C. Cialion mac a bha aig Iacob?
- F. A dhà-dheug.
- C. Co dhiubh bu shine?
- F. Reuben.
- C. Co dhiubh a reiceadh do'n
Eiphit? F. Ioseph
- C. Co a reic e?
- F. A. bhràithrean.
- C. Cia lion treubh a bha ann
de chloinn Israeil?
- F. A dhà-dheug.

- C. Co do na treubhan sin as
an do roghnaich Dia a
shagairtean agus a mhin-
isteirean?
- F. A treubh Lebhi.
- C. Co'n treubh dhiubh o'n d'
thàinig Criosd?
- F. O threubh Iudaidh.
- C. Cionnus a bha na h-Israel-
ich air an sàrachadh san
Eiphit?
- F. Rinneadh tràillean de'n
cuirp, agus sgriosadh an
clann mhac san amhainn
Nilus.
- C. Co a shàraich iad?
- F. Pharaoh, rìgh na h-Eiphit.
- C. Cia lion plàigh a chuir an
Tighearna air an Eiphit
air a shon so?
- F. Deich plàighean.
- C. Cia mar a léir-sgriosadh na
h-Eiphitich mudheireadh?
- F. Bha iad air am bàthadh sa
mhuir-ruaidh.
- C. Cionnus a bha clann Is-
raeil air an teasainginn
an uair sin?
- F. Sgoilt an Tighearna a
mhuir-ruadh, air chor is
gu'n deachaidh iad a null
air talamh tioram.
- C. Co thug a mach as an
Eiphit iad? F. Maois
- C. Cionnus a bha iad air an
stiùradh troimh an fhàs-
ach?
- F. Le slaman-ceathaich san
latha, agus le meall teine
san oidhche.
- C. Cionnus a bha iad air am
beathachadh an sin?
- F. Le mana o nèamh.
- C. Cia mar a fhuair iad deoch
san fhàsach thioraim sin?

Thug Dia uisge dhoibh as a' charraig, a lean iad fad na slighe.

Co iadsan air an d'fhosgail an talamh, agus a bha air an slugadh sìos beò?

Corah, Datan, agus Abiram.

C'ar son a rinneadh am peanas so orra?

Air son an ceannairc an aghaidh Mhaois agus Araoin.

Cia lion a bha ann do chloinn Israeil 'nuair a thàinig iad a mach as an Eiphit?

Mu thimchioll sia ceud mìle.

Cia lion diubh sin a chaidh steach do thír Chanaain?

Cha deachaidh neach ach Caleb agus Iosua.

Ciod a thachair do chàch?

Fhuair iad uile bàs anns an fhàsach.

Ciod am peacadh bu mho a rinn iad san fhàsach?

An laogh òir a dheanamh agus aoradh dha.

Co an duine bu chiuine bha air thalamh? F. Maois.

Co'n duine bu treise bha ann? F. Samson.

Co'n duine b' fhoighidnich bha ann? F. Iob.

Co'n duine bha a réir cridhe Dhé? F. Daibhidh.

Co'n duine bu mhaisiche bha ann? F. Absalom.

Co'n duine bu ghlice bha ann? F. Solamh.

Co e Solamh?

Mac Dhaibhidh, agus Rìgh Ierusalem.

C. Co thog teampull Ierusalem?

F. Thog Solamh, an rìgh glìor agus cumhachdach sin?

C. C'uin a thogadh e?

F. Mu thimchioll mìle bliadhna roimh theachd Chrìosd.

C. Co iad a bha air an tilgeadh do'n àmhuinn theintich?

F. Sadrach, Mesech, agus Abednego.

C. C'ar son a chuireadh ann iad?

F. A chionn nach deanadh iad aoradh do'n òmhaigh òir a rinn Nebuchadnedsar.

C. Co a chaidh thilgeadh ann an garaidh nan leòghan?

F. Daniel.

C. C'ar son a chuireadh ann e?

F. A chionn nach sguireadh e bhith deanamh urnuigh ri Dia.

C. Co chaidh a thilgeadh san fhaigre, agus a shluigeadh suas le muic-mhara?

F. Ionah.

C. An robh na daoine naomha sin uile air an coimhead agus air an saoradh?

F. Bha; le cumhachd agus tròcair Dhé.

C. Ciod an t-àm an d' rugadh ar Slànùighear?

F. Mu thimchioll ceithir mìle bliadhna an déigh cruthachaidh an t-saoghail.

C. Co an rìgh a bha ann ar Indea san àm sin?

F. Herod.

C. Co bha na Impeir air ar Roimh an sin?

F. Augustus.

C. Co a bha na roimh-ruith-ear aig Chrìosd?

- C. Eoin Baiste.
 C. Ciod a thachair dhasan
 F. Thugadh an ceann deth sa' phrìosan le ordugh o Herod.
 C. C'ar son a rinneadh sin?
 F. Do bhri gu'n do chronuich e Herod air son 'aingidh-eachd.
 C. Co a dh'fhoillsich breth Chrìosd an toiseach?
 F. Dh'fhoillsich na h-aingil.
 C. Co do'n d'fhoillsich iad e?
 F. Do bhuaichaillean chaorach.
 C. Co thug a' cheud aoradh do Chrìosd an déigh a bhreth?
 F. An triur dhaoine glic a thàinig o'n àirde 'n ear.
 C. Cionnus bha iad air an stiùradh d'a ionnsuidh?
 F. Le reult.
 C. Co a mharbh a' chlann òg ann am Betlehem?
 F. Herod.
 C. C'ar son a mharbh e iad?
 F. A chionn gu'n robh dùil aige Chrìosd a mharbhadh 'nam measg.
 C. Cionnusa thèarnadh Chrìosd?
 F. Bha e air a ghiulan do'n Eiphit le Ioseph agus Muire.
 C. Cia lion Abstol a roghnaich Chrìosd?
 F. A dhà-dheug.
 C. Co dhiubh a b' ionmhuinne leis? F. Eoin.
 C. Co dhiubh a b' eudmhoire?
 F. Peadar.
 C. Co dhiubh a thuge leis chum bhi 'nam fianuisean air a chruth-atharrachadh, agus air a chràdh-anama?
 F. Peadar, Seumas, agus Eoin.

- C. Co dhiubh a dh' àicheadh e?
 F. Peadar.
 C. Co dhiubh a bhrath e?
 F. Iudas.
 C. Cia meud air an do reic se e?
 F. Air son deich buinn fhichead airgid.
 C. Ciod a thachair do Iudas an déigh sin?
 F. Thuit e ann an eu-dòchas, agus chroch se e féin.
 C. Co an neach leis an do dhit eadh Chrìosd gu bhi air a cheusadh?
 F. Pontius Pilat an t-Uachdaran Romanach.
 C. Co a bhrosnuich Pilat gu sin a dheanamh?
 F. Na h-Iudhaich.
 C. Co do na h-Abstolan a chaidh a mharbhadh an toiseach F. Seumas.
 C. Co dhiubh a b' fhaide mhair beò?
 F. Eoin.
 C. Co a' cheud neach a chaidh mharbhadh air son Chrìosd? F. Stephen.
 C. Ciod am bàs a fhuair e?
 F. Chlachadh gu bàs e.
 C. Co neach a bha air itheadh suas le cnuimhean?
 F. Herod a mharbh Seumas leis a' chlachadh.
 C. Co neach a smuainich an Spiorad Naomh a cheannachle h-airgid?
 F. Simon Magus.
 C. Co neach sin, o bhi na fhear geur-leanmhuinn a thionndaidh gu bhi na shearmonaich? F. Pol.
 C. Co neach sin a chrìochnaich ri searmoin Phoil?

Felics, an t-uachdaran Romanach.

Co an rìgh sin bha am fagus gu bhì air aomadh le Pol gu bhì na Chrìosduidh?

Rìgh Agripa.

C'uin' a bha baile agus team-pull Ierusalem araon air an sgrios?

Mu thimchioll dà fhichead bliadhn' an déigh bàs Chrìosd.

Co leis a rinneadh sin?

Le Titus, Impeir na Roimh.

Ciod a thachair dona Faidhean agus do na h-Abstolan?

Dh' fhuiling a' chuid bu mho dhiubh am bàs air son an teagaisg thug iad seachad. Bha Isaiah air a shabhadh as a chéile: bha Ieremiah air a chlachadh; bha Peadar agus Aindreas air an ceusadh; agus thugadh an ceann do Phol, agus mar sin a sìos.



URNUGH AN TIGHEARNA.

Ar n-Athair a ta air neamh, naomhaichear t'ainm. Gu b'eadh dorìoghachd. Gu dean-aidhe thoil air thalamh, mar a b'hear air nèamh. Tabhair sinn an diugh ar n-aran la-til. Agus maith dhuinn ar a bha mar a mhaithemaid a luchd-fiachaibh. Agus na sinn am buaireadh, ach saor na o olc: Oir is leats an riogh-aid, agus an cumhachd, agus a'hlòir gu sìorruidh, Amen.

A' CHREID.

CREIDEAM ann an Dia ar t-Athair Uile-chumhachdach Cruithear nèimh agus natalmh ainn; agus ann an Iosa Crìosd aon mhac-san, ar Tighearna neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a dh'fhuiling fuidh Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh'adhlac eadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh'éirich a ris e na marbhaibh air an treas latha a chaidh suas air nèamh, agus a ta na shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdach, agus as sin a thig a thoirt breith air na beothaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad Naomh, anns an eaglais naomh choitchionn, ann an co-chomunn nan naómh ann an aiseiridh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhaireannach. Amen.



ALTACH ROIMH BHIADH.

O Dhe ghrasmhoir, pheacach sinne a'd' aghaidh, agus leis a sin chaill sinn coir air gach uile thiodhlac; gidheadh tha thusa gabhail truas ruinn, agus a toirt loin dhuinn: A Thighearna, deonuich dhuinn a ghabhail gu measara agus le buidheachas; agus dean sinne le gnathachadh na meadhona beatha so, ni's iomchuidh air son do sheirbhis fein, trid Iosa Crìosd. Amen.

Aon eile.

A Dhe bheannaichte, thoir naitheanas dhuinn ann ar peacaidh; bi réidh ruinn, agus buin na tiodhlaca so am mallchadh a ta a' leantuinn riu ir son ar peacaidh; agus naomhaich na sochaire so chum ar feum, agus deònaich dhuinn theadh agus òl chum do ghlòir-a, air sgàth Iosa Crìosd. Amen.

ALTACH AN DEIGH BÌDH.

A Dhe bheannaichte ciod a th'ìocas sinne dhuit air son duile thiodhlaca? 'S ann anns a ta ar bith, ar beatha, agus comas ar glusaid. Mar a ta sinn air ar gleidheadh beo le do fhreasdal-sa, a Thighearna, leonuich dhuinn bhì beo chum do chliu, le duil agus deigh air beatha is fearr maille riut fein huas air nèamh, trid Iosa Crìosd ar Tighearna. Amen.

Aon eile.

Bheireamaid buidheachas dhut, O Dhe ghràs-mhoir, air son Chrìosd, agus gach beanachadh thug thu dhuinn leis, buidheachas duitse a bheathaich ar cuirp air an àm so. O

Biodh an tiodhlac so na earlas air tiodhlacan is mò agus is fearr air an ullachadh dhuinn ann an Crìosd, agus deònaich dhuinn saothreachadh air son a' bhìdh nach teirig ach a mhaireas chum na beatha bhith-bhuain, trid Iosa Crìosd. Amen.

Na Deich Aitheantan mar ata iad ann an ranntachd chumannta.

1. Na geill do Dhia sam bith ach mi.
2. 'S do dh'ìomhaigh ghrannnd am feasd na strìochd.
3. Ainm naomh do Dhé na lugh gu faoin.
4. Cuimhnich a Shàbaid a choimhead naomh.
5. Do d' pharannta thoir onoir mhor.
6. Is neach sam bith na mort 's na leon.
7. 'S o neo-ghloin cum thu fein gun lochd.
8. 'S na goid ged bhios do staid gu bochd.
9. Is fianuis bhreig'na toir air neach.
10. 'na sanntaich cuid do choimhearsnaich.

A' CHRÌOCH.





